

APS. 1. 85. 168

CONFESSIONS OF A FREE CHURCH
MINISTER. n. d.

✓
APS. 1. 85. 168

[CONFESSIONS OF A FREE CHURCH MINISTER.]

AIDEACHADH

MINISTEIR D'EN EAGLAIS SHAOIR.

EDINBURGH: MYLES MACPHAIL.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
B
1984

(Confession of a Free Church Minister.)

AIDEACHADH

MINISTEIR DE'N EAGLAIS SHAOIR.

ROIMH-RADH.

CAIB. I.—Thàinig mise gu bhli 'am aon de mhinistear-aibh Eaglais na h-Albâ, goirid an-déigh do'n Lagh sin a bhli air a thoirt a-mach, a ta 'g òrduchadh nach faodar ministear a shuidheachadh os-ecann Co-thionail a dh'-casblaidh aontâ Éildearan agus Luchd-comanaich na Sgìreàchd. Mar mhinistear aoin de na *h-Eaglaisbh Ùra*, bha mi air mo ghabhail a-stigh mar bhàll de chùirtibh na h-Eaglais; agus shuidh mi a thoirt breith maille-ri mo cho-bhràithribh anns gach eòis a thàinig fo'r còmar. Roimhe sin cha do bhuilich mi mòran de m'ùin ri faotainn fiosrachaidh mu lagh na h-Eaglais, —ach thuig mi, a' mheud deth agus a dhearbhadh dhomh gu'm ahd ùr an lagh ud ris an eanar anns a' *Bheurla, Veto*. Achid nach robh riamh roimhe ann an Eaglais na h-Albâ—agus ni mò a lèugh no chuala mi riamh a leithid a lagh a bhli ann an Eaglais Chrìosduidh sam-bith eile. Gidheadh dh'-aontaich mi leis a' mhòr-phairt, chum an Lagh ùr so a ehumàil suas, agus muinntear eile cho-éigneachadh gu géilleadh dhà. Aeh is éiginn domh aideachadh nach b'urrainn mi an smid a's lugha de'n Lagh so, a lòrgachadh a-mach anns a' Bhìobull no ann an reachdaibh na h-Eaglais roimh bhliadhna 1834. A-thaobh a' *chumh-àchd shìobhailt* a ghabh an Eaglais 'n a làimh féin ann an deanamh Sgìreachan de Chaibealaibh (chapels,) no cur nan Caibealan ann an cumhachd

co-ionann ri Eaglais na sgìreachd; bha mi làn chinnteach gu'n robh so a' dol tarsuing air còraichean agus sochairibh na Stàite, agus calg-dhìreach an-aghaidh cleachdaidh na h-Eaglais 'nuair a b'fhèarr agus bu ghhlaine bha i riamh. Bha fios agam gu-ro-mhath, nach b'urrainn òrdugh spioradail dlìghe shìobhalt a bhùileachadh air pears' Eaglais sam-bith,—gidheadh, shuidh mi mar Bhreithcamh ann an cùisibh sìobhalta, màr tha *glibhican*, *mansaichean*, agus aircabhan na h-Eaglais, agus ann an ceasnachadh Mhaighstearan Sgoile Sgìreil, a' sochrachadh gach cùis dhiùbh sin, ged nach do chuir m' Athair Neamhaidh an dréuch riamh ann mo lìmh. Bha gun teagamh éucoir anns a' ghiùlan so, ach shaoil lean gu'n robh an éucoir a' làidh' aig dorus na muinntèir a thug a-mach an reachd Eaglais, agus nach ànn aig mo dhorus-sa, nach robh ach a-mhàin a' toirt ùmhlàchd do thoil nan àrd dhaoine 'bha 'riaghladh thairis òrm. Ach bha là an ath-dhiùlaidh a' dlùthachadh, fhuaradh an Lagh so, (*the Veto law*) no Lagh-an-Diùltaidh, gun stéidh, le breitheamhnaibh glìce, de 'r luchd-dùcha féin, mheasadh leò e mar reachd mi-laghail, agus uime sin gur còir a dhuthadh a-mach á Leabhar Stàtuin na h-Eaglais, no iadsan a ta 'creidsinn gu'm beil bunachar Sgriobturail aige, an Eaglais Stéidhicht' a thrèigsinn. Ach cha leigeadh an t-àrdan le Luchd-riaghlaidh na h-Eaglais géilleadh no dol air an ais, aon leud ròineig — agus ged bha mì làn chinnteach gu'm fhaoim an gnìomh leantainn ri Lagh-an-Diùltaidh mar iartas coguis, gidheadh chaidh mì le mo Chàirdibh g'a choimhead 's an t-seadh so. Ach gus an fhùrinn innseadh is ànn a bha pùinnsean na Pàpanais a' toiseachadh ri brùchdadh a-mach am-measg aircimh mhòir de ar ministearaibh agus de ar n-éildearaibh — agus is e so an dearbh aobhar a thug mu'n-cuairt an Dealachadh muladach a thachair 's an Eaglais air Màigh na bliadhna 1843. 'San dol seachad, feudaidh mì ainmceachadh cìod anns am bheil *dearbh bhith* na Pàpanais a' co-sheasamh. Is e am bith so *luchd-riaghlaidh na h-Eaglais*

a bhi 'gla adh gu-h-Ùcorach a' chumhachd shìobhalt 'n an làmh féin,—agus de 'n éucoir so bha sinne mòr chionntach. Dh'-fheuch sinne ris an uachdranachd shìobhalt, a chuir Dia féin air-chois, a thilgcadh bun os-ceann—agus 's ànn a-chionn gu'm b'éiginn do'n Stàit i féin a dhìon mu-dheireadh bho ar dubh dhàndas-ne a dh'-fhàg sinn an Eaglais Stéidhichte. Is e so a-mhàin an t-aobhar a thug òirnn-ne dealachadh ri *Eaglais ar n-àithrichean* agus a rinn a-nis Dissenteàran dlinn. Cha robh sinn toilichte leis a' chumhachd a bh' againn—cha shàsaicheadh nì sam-bith ar n-iarrtas làidir an-déigh ùghdarras agus uachdranachd—gearr air an Stàit a ràdh rùinn, “nì sinn ciod-sam-bith a dh'-iarras sibh òirnn.”

Ach gu dol air adhart—fhrìdheil mi a' Cho-ghairm a shuidh 'an Dùnéidin air ceud mhios a' gheamhraidh 's a' bhliadhna 1842. B'i so a' Cho-ghairm mhillteach, cruinneachadh a's mi-riaghailteich' a choinnich 's an rìoghachd so, o cheann iomadh ceud bliadhna. Cùinich, cha robh sinn idir a' rùnachadh agus nì mòr shaoil leinn aig an àm sin, an Eaglais Shuidhichte' fhàgail. Is e bha sinn a'dian-iarraidh féin-uachdranachd spioradail a chur suas. Agus bu shuilleir a chunnacas aig a' Cho-ghairm mhòir so, nach riaraicheadh nì air-bith, gearr air so ar cinn-fheadhna spioradail. Bha sgeig 'us tarchuis 'g a dheanamh air an dream 'n ar measg nach robh de'n aon bheachd ris na h-àrd dhaoineibh. Càit am faighear coimeas do ain-tighearnas na Co-ghairme so? Gach là, bhàtar a' gnàthachadh gach meadhoin a ghabhadh deanamh, fo aicheadh diadhachd agus mòr chràbhachd, chum gach duine thoirt a-stigh fo chumhachd na h-ain-tighearnais, a bha 'riaghladh 's a' choinneimh so.

A-réir aoine de òrduighean na Co-ghairme so, thog sinn òirnn goirid an-déigh dh-i éirigh, a bhrosnachadh agus a bhuaradh* gach sgrìachd 's an tìr.

Do luchd-àiteachaidh nan sgìreachdan sin, chuir

* Air-son so thugadh na “*Buaircdairean*” agus na “*Triallaichean*” mar ainm òirnn, le sluagh na dùcha; agus gu-firinneach, is math a thoill sinn e, cha b'e spiorad Chrìosd bha 'g ar stiùradh.

sinn an-éill pūngan mu Cheannas Chriosdatairís air an Eaglais, aig nach robh bōnn air-bith 's an flirion. Cha d'innis sinn riamh eo a' phàirti a bha do ri-readh ri choireachadh. Is e sinn féin a bha 's a' ehoire. Bha sinn fad na h-ùine 'eomharrahadh a-mach na Staite nach robh ach a-mhàin 'ga dìon féin mar dhream a bha 'g iarraidh an erùn a thoirt a-bhàr cinn Chriosda. Is e so, an céum bu dò-bheartaiche de ar giùlan; gu-leir. Bha sinn 'g ar deanamh féin làn-chinnteach gu'n éignieheadh sinn an Stàit gu géilladh do ar dian-iarrtas-aibh na'n rachadh againn air àireamh mhòr de'n t-sluagh fhaotainn air ar taobh, no gu éirigh leinn; agus air an-aobhar sin cha d'-fhàg sinn clach gun charrachadh, chum inntiun an t-sluaigh a tharruing air-falbh o'm ministearaibh féin, agus o'n Eaglais Stéidhichte. Thàinig a-nis air adhairt am *Protest* iomraideach, ris an do chuir cho liuthad fear a làmh, agus a chuireadh air Bòrd Ard Cho-thionail na h-Eaglais. Is fhéudar domh aideachadh nach 'eil anns a' *Phrotest* so ach fuaim meallaidh, labhairt fhaoin o thùs gu eirich. Thoir às siol Lagh-an-Diùltaidh agus nan Ur-Eaglais-ean 'us elia u-'eil agad ael corp gun anail. Ach féumaidh mi pūngan eile ainmeachadh mu'n d'-théid mi na 's faide air m'aghaidh le mo sgéul bhrōnach.

CAIB. II.—Dh'-aidieh mi, cheana, gu'm beil an Eaglais Shaor a-thaobh na steidh' air am beil i air a togail eo-ionann agus de'n aon ghnè ri Eaglais Papà na Ròimhe. Bha mi riamh an-aghaidh na Staite a thoirt cuideachaidh do Chollaist *Mhainooth*, Tigh-foghlum a' Phapà 'an Eirinn, ach tha ar luchd-iùil, eadar Mhinistearan 'us phobull 'n an càirdean ro dhlù do na Pàpanaich, eho fad 's a théid an guth chum sligh fhosgladh dhòibh a-steach do Thigh na Pàrlamaid,* agus rinn sinn mòr iorguill mu ehnis Tigh-foghlum *Mhainooth*, chum an sluaigh a mhealladh, agus chum ar n-uachdranachd féin a neartaachadh agus a ehumail suas gu-

* Faic an Ceathramh Caibdeil de 'n Leabhran so.

tearuinte os-ceann ar luchd-leanmhuinn. Ach gu dol air aghart le mo sgéul. An uair a fhuair mi m' àt féin mu-dheireadh thàll ann an comunn na h-Eaglais Saoire, an-déigh an 18-g de'n Mhàigh 1843, dh'fhiosraich mi dhiom féin, an urrainn e bhí, gur e gràdh do an-amannaibh a thug air cho liùthad ministear taobhachadh o'n Eaglais Stéidhichte. B'éiginn domh, eadhon, 's an àm sin co-dhùnadh, gu'm e an dian thogradh a ta gu-nàdurach a' luasgadh cridh' an duine air-son barrachd cumhâchd, a b' aobhar do'n troimh-chéile so gu-léir:— agus mar a's mò bheachd-smuainicheas mi air na h-aobharaibh a thug mu'n-cuairt an atharachadh ro thruagh so air-feadh na h-Albâ, is ànn a's mò mo dhearbhadh gu'm beil mo cheud bheachd a-réir na firinn. Nach do shuidhicheadh le Dia acli dà ordugh-riaghlaidh chum sluagh an t-saoghail so a riaghladh agus bha mi làn fhiosrach, nach robh ànn ach an dà ordugh a-mhàin, riamh o'n thòisich mi ri rànsachadh na cùise. Agus air dhomh téicheadh o'n Eaglais, b'éiginn domh an céum sin fhìrinneachadh gu-h-uaigneach agus gu-follaiseach, mar a b'fhéarr a b'urraim mi,—Chàill mi gumòr an t-siochaint inntinn a bh'agam roimhe, tre fhiosrachadh goirt nach robh mi comasach air mo ghiùlan féin a dhion no sheasamh, gun chuibheartan agus innleachdan cealgach a chleachdadh chum mo chomharradh. Gu sgéul aithghearr a dhanamh dheth, cha b'urraim mi, 'us cha n-urraim gu-bràth mise, mi fein a dhion anns a' chùis, a dh'-easbaidh bhì 'cùr ris a' Bhiobull, no 'toirt uaithe. Is e so dìreach, tha na Pàpanaich a' deanamh—agus tha sinne 'leantainn an eisempler. 'Anns a' cheud àite, le fiaradh an teagaisg, a ta'nochdadh an tomhais cumhâchd a chàraich Dia ann an laimh Luchd-Rioghlaidh Sìobhailt—b'aill leinne, ar luchd éisdeachd a chreidsinn nach 'eil gnothach sam-bith aig Rìghrean no Ban-rìghrean ri cùisean spioradail. Nach buin iad so ach a-mhàin do luchd-dréuchd na h-Eaglais. Teagasg na's mearachdaiche na so, cha b'urraim neach a dhealbh. Tha dréuchd Rìgh o Dhia, a cheart cho cinn-teach 's a tha dréuchd ministear:—agus 'fhad 's a tha am Bìobull a' toirmeasg do luchd-dréuchd na h-Eaglais

beantainn ri gnothachaibh na Stàite, is e dleasanais, Rìghrean an aire thoirt agus a bhli cinnteach gu'm beil na ministearan a' colionadh an dleasanais féin. Tha an Eaglais Shaor a' TILGEAL lagh a' Bhiabuill air a' cheann so, bun os-ceann. Féudaidh ministearan Eaglais Stéidhichte na h-Albâ gun mhoille, gun bhacadh, uilo theagasgan a' Bhiobuill a shearmonachadh, agus uil' àithntean nan Sgriobtur Naomha 'sparradh air an luchd-éisdeachd. Ach fo nàire féumaidh mi aideachadh, nach dàna dhuinne sin a dheanamh. Cionnas is urrainn domh an 19-g Caib. de'n 2-ra Eachd. fhosgladh, agus na firinnean a ta an-sin a mhìneachadh do mo luchd-éisdeachd — a-réir suidheachaidh na h-Eaglais Saoire, cha n-urraim mi so a dheanamh. Féumaidh mi dìreach a dheanamh ris an earrann sin de'n Sgriobtur Naomha, mar tha na Pàpanaich a' deanamh ris an Dara h-Aithn—a dhubhadh a-mach gu-h-iomlan á Leabhar Dhé. Is e lagh a' Bhiobuill gur urraim an Stàit a thoirt air uile mhinistearaibh an t-soisgeil an dleasanais a dheanamh, bitheadh iad de'n Eaglais Steidhichte no de na *Dissentearaibh* a thaobhaich uaipe — is e lagh na h-Eaglais Saoire, gur ann aig an Eaglais, a-mhàin, a ta cumhachd a ràdh ciod a tha spioradail, agus ciod nach 'eil. Is tric mi fo eagal gu'n tig aon de mo luchd-éisdeachd do m' ionnsaidh le 'Bhiobull 'n a làimh, ag iarraidh òrm an 29-d, Caib. de'n 2-ra Eachd. a mhìneachadh dhà, a' tòiseachadh aig a' 5-mh rann, agus an 30-d Caib. de 'n leabhar chéudna. Tha mi tàingeil nach do chuireadh an deuchainn so òrm fathas, oir cha chreid mi nach leaghainn às le nàir agus rughadh gruaidh na 'n cuirteadh an dleasanais chudthromach so mu mo choinnèimh. Oir a-réir beàchd na h-Eaglais Saoire, cha b'urraim mi freagradh taitneach a thoirt, gun mo mhearachd féin aideachadh, no Focal Dhé 'fhiaradh. Féumaidh mi fòs iomadh earrann eile de'n Bhiobull a sheachnadh nuair a bheachdaicheas mi orra fo'n chumhachd a thugadh do'n Stàit ann an gnothachaibh na diadhâchd. Feòraichidh tu dhiom ciod a bhuanachd a th' agam ann a bhli 'leantainn créud neo-sgriobturail, agus ciod a tha 'toirt

òrm a' bhì 'dion agus a' seasamh phùngan cho mearachdach? Tha mò fhreagairt aig mò làimh, agus innseam dhuit. Tha mì'faoitinn stèipein na's mò 's an Eaglais Shaoir, na bh' agam 's an Eaglais stéidhichte. Mù'n do dhealaich mi ris an Eaglais, cha 'robh agam ach ceithir fichead Pùnd Sasanach (L.80) 's a' bhliadhna. Ach a-nis, tha mì 'faoitinn ceud Pùnd Sasanach (L.100) a bharrachd air mò chuid de 'n ofrail a thàtar a' togail gach Sàbaid aig dorus na h-Eaglais. Mar-so chì thu gu-glan gu 'm beil iomadh fear dhinn an-lòrg an Dealachaidh, a'buannachadh.

2. Agus rud éile dheth, tha *barrachd cumhâchd* agam o'n là 'dhealaich mi ris an Eaglais Stéidhichte, cha bheag an t-sochair sin fhéin. Cìod nach toir duine 'an éiric tuillidh cumhâchd os-céann a cho-chréutairean? Thoiradh làn cachdruidh Eaglais na Ròimhe freagradh do'n cheist so. Ach tha iongantas ort cionnas tha barrachd cumhâchd againn a-mach às an Eaglais Stéidhichte, na bh' againn a-stigh innte. Is furas a' chúis so a shoilleireachadh. B'e ar miann anns á cheud dol a-mach an Stàit a shaltrachadh fo'r casaibh. Chaidh sinn 'an coinneimh ar cinn 's an oìrp so ach cha deach leinn. Air-bàll an-déigh sin bhuaill sinn air shluagh na dùcha: agus chaidh leinn iadsan a chiosnachadh gu-h-iomlan an iomadh àit: agus leo-san 'g ar cuideachadh tha sinn fathasd a' rùnachadh an Stàit a chiosnachadh. Stad thusa, tha àm taghaidh dhaoine gu suidhe 's a' Phàrlamaid a' teachd. Ach cha n-fheud sinn a bhì ag innseadh ar smuaintean diomhar uile. Ach nach 'eil an sluagh gu-toileach a' toirt airgid dhùibh? Tha iad: agus tha sin a' nochdadh mòr neirt agus buaidh ar cumhâchd-ne thairis air inntinibh an t-sluaigh. Cuin a ghlacamaid uiread de 'n cúid airgid na'n robh sinn air fantainn 's an Eaglais? Cha ghlacadh gu-bràth. Féudaidh tu an t-aobhar a bharralachadh. Tha sinn 'g am mealladh, a' toirt orra a chreidsinn gu'm beil barrachd cumhâchd aca 'nis na bh' aca riamh roimhe ann an taghadh Mhinistearan,

ach le firinn is ànn againn féin tha an cumbachd so guh-iomlan.

3. Fhuair mi ainm mór, follaiseach agus cliù brosgulach o theangaibh forcach dhaoine, bhò'n dhealaich mi ris an Eaglais. Ach tha mi 'faicinn gur iad ministearan Eaglais na h-Albâ, fìor Chàirdean an t-sluaigh. Tha iad a' searmonachadh an t-soisgeil dòibh gun airgiod agus gun luach. Am-feadh tha sinne 'nar "*Spùinneadaireán eaglaiseach*," (is e so ainm a thugadh òirnn an iomadh àit agus gu-dearbh is glan a bhaist iad sinn.) Rinneadh mòr ghéur-leannhuinn air ministearaibh Eaglais na h-Albâ leis a' mhuintear a chaidh 'mach. Ach sheas iadsan an stòirm mar fhìor Chriosduidhean. Cha d' rinn iad lochd sam-bith òirnn. Gidheadh chàin 'us mhàb sinn iad gun iochd, gun tròcair. Ach an nair a chàineadh iad, cha do chàin iadsan a-rist. Cha n-e sin a-mhàin, ach gach madainn a dh'èighreas agus gach feasgair a laidheas sinn, tha làn leth a' chruinne de mholadh a' séirm 'n ar clusaibh. Is ànn againn-ne tha *cliù 'us glòir nam Martarach gu-léir*, ged nach d'òl sinn boinne de 'm fulangas. Co nach 'eil a' toirt cliù dhuinn-ne? Tha an t-Anacriosd féin agus ain-diadhaich 'us as-creidèich de gach seòrsa leinn agus a' labhairt gu-math umainn; am-feadh, a ta ar bràithrean bochda 'an Eaglais na h-Albâ a sheas mar ghaisgich's mar Chriosduidhean dìleas, air an ruagadh mar chirc-thomain air mullach nam beann. An aon fhocal, tha sinne 'n ar luchd-buannachd an-lòrg na malairt a rinn sinn, am-feadh a ta na ministearan a dh'fhan a-stigh 'n an luchd-càldaich. Tha fios aig mòran de mo Cho-bhràithribh 's an Eaglais Shaoir gu'm beil na nithe so fìor, ged nach fhaod iad an aidaeachadh. Gidheadh, tha mi 'cur an iomlain diùbh gu dùbhlán, aon phùng de na dh'ainmich mi, fhaotainn bréugach.

CAIB. III.—Tha e soilleir do neach sam-bith, a sheallas ris a'chuis, gu'n d'fheuch sinne, ris an oifig

a shuidhich Dia air an Uachdran Shìobhalt, a thoirt bhuaithe. Ann am briathraibh eile, tha sinne 'deanamh gach ni 'ta 'n ar eomas chum an Crùn a spùinneadh o cheann Chrìosd mar *Rìgh nan rìghrean* agus a chàramh air ceann aoin de na ministcaraibh againn féin gu 'dheanamh 'n a "àrd fhear *tìghe*." Tha mi fìor chinnteach na'm mionnaichteadh buidheann dhinn féin chum breth a thoirt; gu'n toireadh iad a-mach binn an-aghaidh na h-Eaglais Saoire, agus gu'n saoradh iad an Eaglais Stéidhichte, anns á' chúis so. Ach cha n-innis sinn na nithe so do'n t-sluagh, cha tig sin ri ar cleachdadh. Cha d'fhosgail sinn suas riamh, dà thaobh Ceist a' chonnsachaidh eadar sinn-féin 's an Stàit. Their sinn ris a' phobull, gu'm b' àill leis a' Bhànrìgh an Crùn a thoirt de cheann Chrìosd, agus a chàramh air a ceann féin, mar Cheann na h-Eaglais; agus tha sluagh gòrach 'g ar creidsinn, ged nach 'eil focal fìrinn anns an ràdh so. Is math tha fios againn nach 'eil; ach cha rachadh againn air cùis agus cha bhuaidhicheadh sinn a dh'easbhaidh seòltachd chealgach, mar so a ghnàthachadh.

Tha clùipearachd 'us innleachdan eil' againn chum ar luchd-leanmhuinn dàll a chumail rùinn; is e sin a bhì 'sior-ànnseadh dhòibh mur bitheadh an t-aobhar againne, gun teagamh, math agus fìrinneach nach tréigeadh cho liuthad ministear mòr diadhaidh an Eaglais. Is làidir an argumaid i so dhuinn-ne. 'Nis tha fios so, againn gu'n toir *àrdan* agus *éud teth* air-son *cumhâchd* air duine dealachadh ri na's mò de 'chuid 'sde mhaoin thimeil na bheir gràdh do fhìor dhiadhachd. Bha Sàtan, aon uair, ann an neamh ach b' àill leis ruigheachd air, barrachd cumhâchd, agus an-lòrg sin dh'fhàs 'n a pheacach. Bha Adhamh aon uair, naomh, seadh fìor 'naomh, gidheadh dh'fhàs e 'n a pheacach. An iongantach ma-ta ged thuitedh crétairean bochda truaillidh, ann am mearachd? Cha dàna dhuinn air àm sambith labhairt cho soilleir so 'an làthair ar luchd-éisdeachd. Na'n labhradh cha b' fhada gus an cailleadh sinn iad. Gu-dearbh cha mhath an comharradh air

diadhachd na tìre so, àireamh cho mòr de'n t-sluagh a bhi 'toirt na's mò chreideas do mhinistearaibh na h-Eaglais Saoire na tha iad a' toirt do Lagh a' Bhlòbuill. Tha iad a'dol ealg-dhùreach an-aghaidh réusain 'us ciall nàdurach.

B'àill leinn-ne 'thoirt air an t saoghal a chreidsinn, nach ceadaicheadh ar coguisan duinn fantainn 's an Eaglais an-lòrg an ain-tighearnais a ta an Stàit a' deanamh oirre. Na'n do chuir sluagh na h-Albà rompa, le aon inntiun nach dealaicheadh iad air chòr sam-bith ris an Eaglais maille ruinn-ne; cia-lion ministear a dh'- fhàgadh an Eaglais fo'n staid sin?

Tha fios agam air mo shon féin nach rachainn a-mach: agus is gànn leam a chreidsinn gu'm faighteadh leth dusain mhartaraeh am-measg nan 500 no nan 600 ministear a tha 'nis 'nan Seécdearan.

Tha gnùis na h-eallaidh 'g a feuchainn féin gu-glan an-so. Cha n-fhàgadh e bunachar na eùise ach mar bha e roimhe eo-dhiùbh a leanadh no nach leanadh an Sluagh sinn. Mur leigeadh mo choguis dhomh-sa fuireach 'san Eaglais—no mur b'urrainn mi fantainn innte gun pheacachadh an-aghaidh Dhé.—bu chòir dhomh a fàgail, ged dhiultadh gach aon de'n t-sluagh mo leantainn: ach na'n do sheas an sluagh a-mach mar aon cuine, dileas an-aghaidh dealachaidh ri Eaglais an Aithrichean cha chluinnteadh smid tuilleadh mu àitlin na coguis; an sin, shiùbhladh a fuaim air falbh, mar an ceò air a' bhéinn. Le firinn, ma bha làmh aig eoguis anns a' ghnìomh, eha bu choguis ghlan i. Tha coguis aig gach neach, tha aig a mhurtair 's aig a' mhearlach, ach is i 'cheist eàit am beil a' choguis ghlan, shoillsichte. Is e *àrdan*, *tart* air-son cumhàehd, *ing* 'us *pàipear*, na h-instrumaidean e thug an Dealachadh mu-n euairt. B'e sin am fuaim sios'us suas feadh na tìre 'togail àin-mean fhear 'us bhan, a'glacadh ehrentaircan ain-eòlach le *dubh* 'us *geal*. Bha seòltaehd an-so, ach bha e na mhasladh do 'n aobhar. Cha b'ann le *dubh* 'us *geal* mar-so, a bha na h-Abstoil a' eur ànamannan ris an Eaglais, ach le fìor-shearmonachadh an t-Soisgeil.

Ach gu dhol air adhart. Tha *Pàpanas Créid* na h-Eaglais Saoire, a' co-sheasamh, 's an dàra h-àit, ann am fiaradh teagaisg na séirce criosdail. Tha Eaglais na Ròimbe 'ereidsinn nach 'eil slàint do neach de shliochd Adhaimh an taobh 'mach dh-i féin, glè choltach ri so tha crèideamh na h-Eaglais Saoire gu-h-àraidh a-thaobh mhinistearan Eaglais na h-Albâ. Cha n'eil sinn gu-làn agus gu-follaiseach a' teagasg so, aeh tha sinn a' *misneachadh* an t-sluaigh gu bhi 'g a chraobh-sgoileadh. Mhisnich sinn ar luchd-leanmhainn gu tarehuis agus sgeig a dheanamh air ministearaibh urramach, diadhaidh Eaglais na h-Albâ. Tha am Bìobull ag àithneadh dhùinn ar naimhdean a ghràdhachadh. Tha Créud na Eaglais saoire a' sparradh òirnn ar càirdean a ghràdhachadh, agus *fuath* a thoirt do'r naimhdibh. Chu d'rinn bùill Eaglais na h-Albâ—loehd sam-bith òirnn, ach theagaisg, no, an ear a's lugha, chuidich sinn ar clànn, gu tarchuis 'us masladh a thoirt dòibh an làthair an t-saoghail uile. Tha am Bìobull a' teagasg dhùinn a bhi ann an sìth ris na h-uile dhaoineibh. Ach féumaidh mi pùngan eile '*churris* a' Bhìobull a theagaisgeas do mo luchd-leanmhainn co-stri, airéit, easaontaelid agus roinnean a ghnàthachadh. Tha am Bìobull ag innseadh dhomh gur murtair fear a dh'-fhuathaicheas a bhràthair, cha n'eil e gu mùth co-dhiùbh is dùine math no droch dhuin' an neach da'm beil fuath agam, ma tha fuath agam dhà is *murtair mi*. Cha n-urrainn an Eaglais Shaor seasamh ach le *còstri* 'us *buaireas*. Is e sin a h-éleamaid nàdurach, agus tobar a beatha. Agus mar a's diadhaidh a gheibhear ministear no bàll de Eaglais na h-Albâ, s'ann a's mò ar gamhlas agus ar mi-run dà. Cha n-urrain mi, uime-sin, earrannan de Shearmon Chriosd air a' bhèinn a mhìneachadh do mo luchd-éisdeachd. Is fhéudar domh gabhail seachad orra sud. Féumaidh mi, an 13-g Caib. de 1-d Cor. a thoirt às a' Bhìobull, cho maith ri cuid de ehaibdeilibh ann an litrichean Eòin. Air bunachar na Eaglais Saoire cha n-urrainn mi na caibdeilean sin a mhìneachadh a-réir inntinn an Spior-

aid. Cha robh mi ceithir uairean fichead a-mach as an Eaglais, 'nuair a mhothaich mi gu'm féumainn Bìobull eile, seach am fear a bh'agam roimhe agus is i sin mo bharrail fathast:—is e so an ceart aobhar o'm beil dùbh Phàpanas na h-Eaglais Saoir' a' sruthadh.

Tha mi 'g aideachadh 'san treas àit, gur Banaphàpanach an Eaglais againn a-thaobh na dòigh anns am bheil ministearan air an suidheachadh innte. Cha n-'eil sinn idir aon-sgèulach anns a' chùis so. Cha n-'eil fios aig an t-saoghal air an fhicheadamh pàirt de'n chòstri 's an eas-aonachd uaigneach a ta 'n ar measg ar a' cheann so. Tha cuid ionann as air an dearg chuthach air-son comas taghaidh nam ministearan a chur ann an làimh an t-sluaigh, agus cuid eile, mar tha àireamh nach beag de na seann diadhairean a's urramaicht 'n ar measg air-son na sochair so fhàgail ann an làimh a' Phàtrain. Tha féin-ghlòir nach beag ag oibreachadh 's a' chàmp. B'àill leinn comas suidheachaidh nan òg-mhinistearan uile 'bhi gu-h-ìomlan ann ar làmhaibh féin.

Agus gu-dearbh tha na cùisean so, a' soirbheachadh leinn mar nach olc. Gheibhear aon mhinistear a -mhain, 'na Phàtran air sioramachd Rois. Fear eile air siorramachd Earra-Ghaeil agus fear no dhà 'an Dunéidin. Mar so chithear gu làn gu'm beil Pàtranachd na h-Eaglais Saoire gu-léir, an car a's mò, aig leth dusain dhaoine. Ach innsear dhùinn gu-tomadach gu'm beil taghadh nam ministearan aig fìoronnaich ùs boirionnaich a ta 'commanachadh 's an Eaglais Shaoir ged is math tha fios againn nach d'fhuair an cleachdadh so aonta fathasd o Lagh na h-Eaglais. Tha cuideachd gle chomasach 's an Eaglais Shaoir de'n bharrail, nach buin, a-réir òrduigh an Sgrìobtuir, an guth a's àirde do'n phobull ann an taghadh ministear, agus cuid eile garg-dhìreach an-aghaidh focal a thoirt do na boirionnaich anns a'chùis. O na barailibh eas-òrdach sin, cha n-'eil cànntas air-bith, fathasd cìod i Créud na h-Eaglais Saoire air a' phùng so. Ach cha dàna dhuinn trod ni na bain-tighearnaibh, do-

bhrìgh gur iad luchd-trusaidh stèipein a's fearr a th' againn; gidheadh is e beachd morain againn gur nì neo-sgrìobturail comas a thoirt dèibh a bhì 'n an co-phàtranaibh a' riaghladh na h-Eaglais, co-ionann ris na daoine. Ach cha n'abair sinn dad mu'n achd neo-sgrìobturail so, gabhaidh sinn seachad air, air sgàth an stèipein, agus gabhadh na bain-tighearnan an dòigh fein. Féumaidh mi aideachadh nach 'eil so, idir onorach no ciotach—*obair chealgach mhealltach Phàpanach*.

CAIB. IV, Gheibhlar an ceathramh dearbhadh air spiorad Pàpanach na h-Eaglais saoire, anns na cùisibh so, a leanas. Aig a' choinneimh mu-dheireadh anns an do shuidh Ard Cho-thional na h-Eaglais Saoire, ann an Dunéidin, chuir a bùill gu-léir iartras a dh'-ionnsaidh na Pàrlamaid, a' guidhe gu'n tugteadh éisdeachd do *Bhìll Mhr. Rutherford*, a ta'g iarraidh uile Chaithrichean nam *Professoran* ann an *Collaistibh* na h-Albà, fhosgladh do dhaoineibh de gach scòrsa creidimh, agus do dhaoineibh gun chreideamh air-bith. Dhearbh mi, cheana, gu-soilleir gu'm beil Créud na h-Eaglais Saoire fìor neo-sgrìobturail, agus leig mi fhaicinn dèibh, gur Créud Phàpanach i, agus ma tha tuilleadh dearbhaidh féumail clum na firinnean a dh'-ainmich mi, a' riochdachadh na's soilleire, gheibhear gu-leòir ann an gnìomhraibh na h-Eaglais Saoire 'thaobh a' *Bhille* so, a chuireadh a dh'-ionnsaidh no Pàrlamaid leò, air an t-Séisean mu-dheireadh, gu Achd-ceasnachaidh nan Collaistean a dhubhadh a-mach gu-léir. Tha an Lagh a bh'ann o cheann iomadh bliadhna, ag òrduchadh, gu'm féumar a h-uile Professor a cheasnachadh air a chreideamh, agus a làn-fhiosrachadh am beil beachd fallain aige, air firinnibh glan an t-Soisgeil, mu'n suidhichear e ann an Cathair aoin air-bith de na Collaistibh. Tha muinntear na Eaglais againn-ne eadar chléir'us phobull, gu ire bhig, ag iarraidh an t-*Achd* glic so, a sguabadh air-falbh, agus Collaistean na h-Albà fhosgladh suas, faodaidh e bhì, do *Phàpanaich*, *Aseridich*, *Ain-diadhaich*, *Turcaich*, *Innseanaich*, *Unitarianich*, *Mahometanaich*, agus do gach uile sheòrsa

luchd-aideachaidh, math 'us olc. Rinn sinn fuaim mòr an-aghaidh a' chuideachaidh a thugadh do Chollaist Mhainooth, chum masladh a chur air Uachdranachd na Riodhâchd agus, le briathraibh meallta, a thoirt air sluagh a chreidsinn nach 'eil sinn féin fo bhéirm na Pàpanais; ach faic an *ladhar sgoilte* 'ga nochdadh féin ann ar giùlan a-thaobh nan Collaistean Albanach, tha so a' lán-fhoillseachadh gu'm beil sinn air ruith le galar a' Phàpâ. Shaoil le cuid de chréutairean lag-inntinneach gur ànn, a-mhàin, chum pàirt de dhaoineibh na h-Eaglais Saoirc fhaighinn a-stigh do Chaitheachibh nan Teagasgaircan 'an Collaistibh na h-Albâ, bha sin air-son an t-Achd-ccasnachaidh a bhriseadh sìos, ach cha robh an-sin ach mearachd mòr. Is e bha rùn òirnn tobar an Ionnsachaidh agus na Diadhâchd a thruaillleadh anns na Collaistibh, agus na sruthan prìseil a shalach—seadh na tobraichean agus na sruthan o'm beil òigcaran na rioghâchd ag òl eòlais fhallain, a-chum a chompàirtcachadh tre bheannachadh Dhé, ri muinntear eile, air feadh na tìre. Is ànn a-chum aingeachd 'us aineolas na Pàpanais a lughdachadh 'an Eirinn le foghlum ceart agus urramach a thoirt 'san tìr sin, a thugadh cuideachadh do Mhainooth, ach rinn Eaglais Shaor na h-Albâ—an eaglais a's glaine air thalamh, a-réir barail mòrain chréutairean gòrach, gach ni 'b' urrainn i, chum Pàpanachd a thoirt a-stigh do 'r Collaistibh agus le sin, a sgaoilcadh feadh na tìre. Nach b' uamhasach, cuilbheartach, naimhdeil an òirp so? Is beag nach d'-thug iad air a' Phàrlamaid féin aontachadh leis a' *Bhàll Phàpanach* so, a sgaradh a-mach fréumh an t-Soisgeil as an tìr. Ach dhion Dia, Ceann Mòr na h-Eaglais, Alba fathasd o na h-ionnsuidhean ana-criosdail-sin. Uime-sin thoireadh na h-Albanaich a' cheart aire, nach aontaich iad le fear de 'n Eaglais shaoir, a chur do'n Phàrlamaid, oir ghlacadh e gach fàth'us cothram, a bhitheadh 'n a chomas, gu Teagasgaircan de chreideamh air-bith no gun chreideamh idir, a thoirt do na Collaistibh.

Tha an cuigeamh dcarbhadh air Pàpanachd na h-

Eaglais saoire 'ga thaisbeanadh féin, 'n a còmpanas ri Eaglaisibh ann an Stàitibh Americà. Tha muinntear nan Eaglaisean sin, a' réic 's a' ceannach an co-chréutairean mar *réicear* crodh 'us éich. Tha mu thri muilean (3,000,000) Tràill (*Slaves*) ann ann Stàitibh Co-cheangailte Americà, uiread ri sluagh na h-Albà gu léir. Cha n-'eil e 'an comas cùinnt air-bith, càramh an-ìochdmhor nan créutairean truagha sin, a chur an-cèill. Tha iad cho aineolach ri brùidean na machrach. 'S e 'ig am maighstearan-borb dhòibh eòlas fhaotainn air sligh na slainte. Cha n-fhaodar innseadh dhòibh gu'm beil anamannan neo-bhàsmhior aca. Ma chuireas aon diùbh fearg air a mhaighstear, théid a spadadh mar chù no mar chat—gidheadh gabhaidh ministearan na h-Eaglais Saoire, *airgid* agus òr bho làmhan fuil-teach mhaighstearan nan Tràillean bochda sin, gu iad féin a bhìadhadh agus Eaglaisean a thogail. Cha luaithe a thilg iad air-falbh uapa pàigheadh Staithe na rioghachd so, a ta 'cur a' Bhiobuill agus foghlum fhéumail eile dh'-ionnsaidh a 'chréutair a's bochda 's an tìr, na bhuail iad a-nùll do dh-America, a chruinn-eachadh *airgid* o dhaoine mòra a tha 'tighinn beò, agus beò gu-math, air fuil an co-chréutairean. Sin agad an Eaglais Shaor, ma-ta.

Tha am Biobull ag àithneadh do Chriosduidhean gun chomunn air-bith, a bli aca ri sluagh mar sin agus gun bheantainn ris an *ni neo-ghlan*; ach tha ar n-Eaglais Shaor a' saltrachadh na h-àithne diadhaidh so fo 'casaibh agus à'toirt a gnùis, cho fad 's a ghabhas e deanamh dh'-i, do'n chleachdadh as tràilleil am-measg chlann-daoine. Tha giùlan so na h-Eaglais Saoire cho gràineil agus nach urrainn sinn seasamh ri leudachadh air na's faide. Ach gheibh iad tachairt riù air-son so fathasd, cha n-'eil iad ach'n a thoiseach.

Cha n-abair mi guth mu oifig nan *Deacon* 's an Eaglais Shaor, oir is léur do gach neach mar tha i air a truailleadh. Is ànn a chum cùram a ghabhail de na bochdaibh a chaidh an *Deacon* òrduchadh agus cha n-ànn gu bhi 'trusadh *airgid* do *mhinistearaibh*. Rud

eile air nach labhair mi an dràs, is e sin, cha n-'eil an Eaglais Shaor a' cruinneachadh sgillinn ruadh, air a' cheud là de'n t-seachduin, air-son nam *Bochd*.

Agus a-nis ma gheibh Ministearan agus Bùill na h-Eaglais Saoire pùng air-bith gun bhonn anns na thubhairt mi na h-aghaidh thigeadh iad air an aghairt agus dearbhadh iad e, ma gheibhear aon ni bréugach, aidichidh mis'e gu-follaiseach, ach sin rud nach urrainn dòibh, le firinn, a dheanamh, gu-siorruidh, tha a éu-comasach dhòibh aon mhearachd fhaotainn ann : bhriathraibh an Leabhraìn so.

MINISTEAR

de'n Eaglais Shaoir.







